

21 Faoilleach 2025

### A phàrant/neach-cùraim chòir

San Dàmhair 2024, thadhail sgioba luchd-sgrùdaidh bho Foghlam Alba air Bun-sgoil an Àth Leathainn - Broadford Primary School. Rè ar cuairte, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus ri clann agus dh'obraich sinn gu dlùth còmhla ris a' cheannard agus an luchd-obrach.

Chaidh sgoil-àraich Bun-sgoil an Àth Leathainn a sgrùdadadh le Coimisean a' Chùraim sna 18 mìosan a chaidh seachad. Mar sin, tha sinn air aontachadh leis an ùghdarris ionadail agus an sgoil nach eil an clas sgoil-àraich na phàirt den sgrùdadadh seo.

Fhuair an sgioba sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoile.

- Ceannardas aig a h-uile ìre san sgoil. Tha an ceannard agus an luchd-teagaisg air cultar àraich is cultar cùraim a leasachadh san sgoil far a bheil clann dealasach agus air am brosnachadh gu ionnsachadh.
- Ceannardas na Gàidhlig. Tha an ceannard agus an luchd-teagaisg dealasach ann a bhith a' toirt air adhart agus a' comharrachadh na Gàidhlig. Tha seo air leantainn gu àrdachadh ann an àireamhan luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig san sgoil.
- Clann chòir, mhodhail. Bidh iad an-còmhnaidh a' taisbeanadh luachan na sgoile nan eadar-obrachaidhean san sgoil agus sa choimhairsnachd ionadail.

Chaidh na raointean leasachaidh a leanas a chomharrachadh agus chaidh beachdachadh orra leis a' cheannard agus riochdaire bho Chomhairle na Gàidhealtachd

- Bu chòir do luchd-obrach cumail orra a' leasachadh fileantachd cloinne sa Ghàidhlig an dà chuid ann am Foghlam tro Mheadhan na Beurla agus Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig.
- Bu chòir don cheannard agus an luchd-obrach obair còmhla gus coileanadh àrdachadh ann an sgrìobhadh agus àireamhachd, gu h-àraidh le bhith a' meudachadh astar agus dùblan ann an ionnsachadh cloinne.
- Thar na sgoile, bu chòir don cheannard agus an luchd-obrach cumail orra a' cleachdadh raon nas fharsainge de dhòighean-obrach airson neartan na sgoile agus na h-ath cheumannan leasachaidh a luachadh.

Chruinnich sinn fianais gus luachadh a dhèanamh air obair na sgoile a' cleachdadhe ceithir comharran càileachd à [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(4<sup>mh</sup> tionndadh\)](#). Bidh comharran càileachd a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh gus breith a thoirt air dè tha math agus dè a dh'fheumas leasachadh. An dèidh sgrùdadhe a dhèanamh air gach sgoil, bidh Riaghaltas na h-Alba a' cruinneachadh ar luachaidhean gus lorg a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean ann an Alba a' dèanamh.

## Seo luachaidhean Foghlam Alba airson Bun-sgoil an Àth Leathainn

Comharran càileachd	Luachadh
<b>Ceannardas atharrachaidh</b>	<b>math</b>
<b>Ionnsachadh, teagasc agus measadh</b>	<b>math</b>
<b>A' leasachadh sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhaltas</b>	<b>math</b>
<b>Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh</b>	<b>Math</b>
Gheibhear tuairisgeul air na measaidhean aig: <a href="#">Dè cho math 's a tha an sgoil againn? (4<sup>mh</sup> tionndadh), Pàipear-taice 3: An sgèile sia puing</a>	

Bidh sgrìobhainn nas mionaidiche, air a bheil Gheàrr-iomradh air Toraidhean Sgrùdaidh ri faighinn air làrach-lìn Foghlam Alba aig: [Bun-sgoil an Àth Leathainn | Aithisg Sgrùdaidh | Foghlam Alba](#)

### Dè thachras a-nis?

Tha sinn misneachail gu bheil comas aig an sgoil leantainn oirre a' leasachadh. Mar thoradh air sin, cha tadhail sinn air an sgoil a-rithist an co-cheangal ris an sgrùdadhe seo. Bheir Comhairle na Gàidhealtachd fios do phàrantan/luchd-cùraim mu adhartas na sgoile mar phàirt de na h-ullachaidhean aca airson aithris air càileachd nan sgoiltean aca.

Friseal Gillan  
Neach-sgrùdaidh an Rìgh